

## **Fear a' Choire**

*Faclan/Lyrics: Gilleasbuig Aotrom*

Tha Fear a' Choire fiadhaich,  
Tha Fear a' Choire danarra,  
Tha Fear a' Choire fiadhaich,  
'S bu riamh dha bhith ann an sin.

*The laird of Corrie is fierce,  
The laird of Corrie is obstinate,  
The laird of Corrie is fierce,  
He was ever thus.*

Iù bhidhil, Fear a' Choire,  
Iù bhidhil, coma leam dheth,  
Iù bhidhil, Fear a' Choire,  
Bidh na coin an comaidh ris.

*Iù bhidhil, laird of Corrie,  
Iù bhidhil, I care not for him,  
Iù bhidhil, laird of Corrie,  
His dogs eat with him.*

'S e Fear a' Choire dh'fhaodadh,  
'S e Fear a' Choire b'urrainn sin,  
'S e Fear a' Choire dh'fhaodadh,  
Bhith 'n gaol ris a h-uile tè.

*It's the laird of Corrie that may,  
It's the laird of Corrie that could,  
It's the laird of Corrie that may,  
Be in love with every woman.*

## **'S ann a' Dol a Ghrùlainn**

*Faclan/Lyrics – Gun urra/Unknown*

'S ann a' dol a Ghrùlainn, a Ghrùlainn, a Ghrùlainn,  
'S ann a' dol a Ghrùlainn tha cùirtair nan gruagach. x2

U bhil, thèid thu leo', thèid thu leo', thèid thu leo',  
U bhil, thèid thu leo' rathad Cnoc an Nuallain. x2

Gabhaidh is' a fìdhlear, a fìdhlear, a fìdhlear,  
Gabhaidh is' a fìdhlear chuir sìoda mu guaillean. x2

*English Translation*

*Going to Gruline, to Gruline, to Gruline,  
Going to Gruline is the courtier of young ladies. x2*

*U bhil, you'll go with them, you'll go with them, you'll go with them,  
U bhil, you'll go with them by the road of Cnoc an Nuallain. x2*

*She will take the fiddler, the fiddler, the fiddler,  
She will take the fiddler who put silk round her shoulders. x2*